

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Bàrr Èibhinn (2)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,255. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 951 corresponds to Litir 1,255. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha mi ag innse dhuibh mu Fhuaran Mac Bhreac faisg air Cùil Lodair agus mun duine fhèin – Mac Bhreac – a thàinig à **Bàrr Èibhinn** air oighreachd Chaladair. Tha e aithnichte airson fìor sheann eaglais agus clach a tha co-cheangailte ri gnothach olc.

Tha mi airson innse dhuibh an toiseach mun ainm-àite Bàrr Èibhinn. Tha bàrr a' ciallachadh 'mullach cnuic'. Agus, a rèir an Àrd-ollaimh Mhic Bhàtair, tha Èibhinn a' buntainn ri pears-eaglais – boireannach air an robh Áibind, a bha na maighdinn-naomh aig Brighde. An aghaidh sin, tha beachd Sheòrais MhicIlleBhàin a sgrìobh *'The History of Nairnshire'*. Tha esan ag ràdh gu bheil an eaglais ainmichte airson Naomh Eònan no Adamnan.

Tha Mac Bhàtair ag innse dhuinn nach e 'Bàrr Èibhinn' a chanadh na Gàidheil a bhuineadh don àite ach 'B' rèibhinn'. Agus, ged a sgrìobhar e ann am Beurla B-A-R-E-V-A-N an-diugh, nochd e anns an t-seachdamh linn deug mar B-R-E-V-A-N. Tha e faisg air seann dùn ris an canar Dùn Èibhinn.

Bha eaglais Bhàrr Èibhinn air a togail anns a' cheathramh linn deug. Tha gu leòr dhith air fhàgail, ged nach eil mullach oirre.

B' e seo eaglais paraiste Chaladair gus an do thogadh eaglais ùr, ann am baile Chaladair, ann an sia ceud deug is naoi-deug (1619). Tha seann chladh timcheall na h-eaglaise. Tha a h-uile càil **an ìre mhath mar a bhiodh dùil** ann an seann chladh air a' Ghàidhealtachd.

Ach a-mhàin dà rud – clach mhòr agus ciste-laighe chloiche a tha ri taobh a chèile faisg air an eaglais. A rèir beul-aithris, bha iad air an cleachdadh ann an seann pheanas a bha, nam bheachd-sa, fìor olc, gu h-àraidh ann an àite Crìosdail.

Bhiodh an neach – a bh' air an lagh a bhriseadh – na laighe air a dhruim dìreach anns a' chiste. Tha àite ann airson a chinn. Bhiodh an còrr dhen chiste air a chòmhdachadh le leac mhòr. Bhiodh daoine a' leigeil smugaid air aodann an duine anns a' chiste nuair a bha iad air an rathad a-steach don eaglais. Tha e doirbh a chreidsinn, ach 's e sin a dh'innseas beul-aithris dhuinn.

A bharrachd air sin, nam biodh an duine sa chiste làidir gu leòr airson an leac a phutadh suas, bhiodh luchd a' pheanasachaidh a' cur clach mhòr throm air muin na lice. Agus tha a' chlach fhathast ann, ri taobh na ciste.

Tha a' chlach fhèin rudeigin ainmeil an-diugh oir 's e clach-neirt a th' innte. Bhiodh daoine a' tighinn ann airson a togail, airson dearbhadh cho neartmhor 's a bha iad.

Tha Clach Bhàrr Èibhinn trom trom agus cha do dh'fheuch mi fhìn ri a togail. Thathar a' tomhas gu bheil dà cheud, caogad 's a dhà puinnnd de chuideam innte. Tha sin co-ionann ri ceud is ceithir-deug cileagram.

Ma tha an sgeul fìor mu mhuinntir a' choitheanail a bhith a' tilgeil smugaid air eucoirich sa chiste, tha a' chlach air a bhith sa chladh airson co-dhiù ceithir cheud bliadhna. Ach tha eachdraidh nas ùire aice mar chlach-neirt. Am measg sin, tha gun do thog fear à Uibhist a Tuath i anns an fhicheadamh linn. Tuilleadh air an sgeul sin an-ath-sheachain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Cùil Lodair: *Culloden*; Bàrr Èibhinn: *Barevan*; oighreachd Chaladair: *Cawdor estate*; mullach cnuic: *hilltop*; Seòras MacIlleBhàin: *George Bain*; Dùn Èibhinn: *Dunevan*; clach-neirt: *lifting stone*; Uibhist a Tuath: *North Uist*.

Abairtean na Litreach: Thathar ag ràdh gu bheil an t-ainm na eadar-theangachadh: *it is said that the name is a translation*; aithnichte airson fìor sheann eaglais agus clach a tha co-cheangailte ri gnothach olc: *known for a very old church and a stone that is connected to an evil matter*; a bha na maighdinn-naomh aig Brìghde: *who was one of Bride's holy maidens*; tha gu leòr dhith air fhàgail, ged nach eil mullach oirre: *there is a lot of it left, although it doesn't have a roof*; tha seann chladh timcheall na h-eaglaise: *there is an old graveyard around the church*; ach a-mhàin dà rud: *except for two things*; clach mhòr agus ciste-laighe chloiche a tha ri taobh a chèile: *a big stone and a stone coffin that are beside each other*; na laighe air a dhruim dìreach: *lying flat on his back*; air a chòmhdachadh le leac mhòr: *covered by a large flagstone*; a' leigeil smugaid air aodann an duine: *spitting on the face of the man*; doirbh a chreidsinn: *hard to believe*; bhiodh luchd a' pheanasachaidh a' cur clach mhòr throm air muin na lice: *the punishers would put a large heavy stone on the top of the flagstone*; thathar a' tomhas gu bheil dà cheud, caogad 's a dhà puinnnd de chuideam innte: *it is estimated that it weighs 252 pounds*; ma tha an sgeul fìor mu mhuinntir a' choitheanail a bhith a' tilgeil smugaid air eucoirich sa chiste: *if the story is true about parishioners spitting on the criminal in the coffin*; airson co-dhiù ceithir cheud bliadhna: *for at least 400 years*.

Puing-chànain na Litreach: **Bàrr Èibhinn: Barevan.** *The anglicised form of the name is pronounced 'bar AY-vun' or 'bar EE-vun'. It might be strange to have such an element in a place name, when èibhinn can mean 'funny'. But èibhinn can also mean 'delightful' or even 'jolly' and this might be the root meaning of the woman's original name.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **an ìre mhath mar a bhiodh dùil: pretty much as would be expected.**

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA